

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

STÒRAS RANNSACHAIDH SHOILLSE

15 An t-Sultain 2010

Tha Soillse – Lionradh Nàiseanta Rannsachaidh airson Glèidheadh agus Ath-bheothachadh na Gàidhlig - a' cur Stòras Rannsachaidh Shoillse air bhog airson taic a thoirt do phròiseactan beaga a bhios a' rannsachadh chuspairean ceangailte le ath-nuadhachadh na Gàidhlig.

Thuir Iain Caimbeul, Àrd-Mhanaidsear Shoillse: “ Tha an Stòras beag seo air a chruthachadh airson cothrom a thoirt do bheachdan rannsachaidh ceangailte le ath-nuadhachadh na Gàidhlig a thighinn tron a' chom-pàirteachas acadaimigeach ach cuideachd bhon choimhearsnachd Ghàidhlig fhèin. Bheir an seòrsa co-obrachadh seo cothrom do dhaoine a tha ag obair fa leth, do sgoiltean agus buidhnean coimhearsnachd na sgìlean rannsachaidh aca a leasachadh agus a leudachadh le bhith a' toirt dhaibh cothrom a bhith ag obair còmhla le eòlaichean bhon a' chom-pàirteachas acadaimigeach. Bidh am com-pàirteachas seo, as an fharsaingeachd, a' togail air goireasan rannsachaidh na Gàidhlig le bhith a' toirt cothrom do dhaoine agus buidhnean fa leth pàirt a gabhail ann an rannsachadh nach fhaigheadh iad cothrom a dhèanamh ann an suidheachadh sam bith eile.”

Thig beachdachadh air a h-uile tagradh rannsachaidh cho fad 's a tha an tagradh ceangailte le cuspairean a tha a' toirt sùil air cleachdadh no ath-nuadhachadh na Gàidhlig. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh tagraidhean a thighinn a-steach air cuspairean ceangailte le ciamar a tha a' Ghàidhlig air a cleachdadh ann an coimhearsnachdan neo ann an teaghlaichean; cuspairean a tha sgrùdadh dearbh-aithne agus fèin-mhisneachd anns a' chànan; a' bhuidhean a tha aig poileasaidhean poblach air leudachadh agus ath-nuadhachadh na Gàidhlig; agus dè a' bhuidhean a tha aig teicneòlas air ionnsachadh agus air ath-nuadhachadh na Gàidhlig.

Bidh fàilte mhòr air tagraidhean co-obrachaidh bho sgoiltean agus buidhnean coimhearsnachd ann an co-phàirt leis na h-oilthighean a tha a' gabhail pàirt ann an Soillse.

Bheir Stòras Rannsachaidh Shoillse taic airgid suas gu £5,000 do phròiseactan rannsachaidh fon sgeama seo. Feumaidh tagraidhean cuideachd teachd a-steach eile luach 40% a chur leis an airgead taic a gheibh am pròiseact bho Stòras Rannsachaidh Shoillse. Am bliadhna, thathar an dùil ri 6 pròiseactan a mhaoineachadh bho Stòras Rannsachaidh Shoillse.

Bu chòir na h-iarrtasan a bhith a-staigh aig Soillse ro 29 an Dàmhair 2010 agus feumaidh na pròiseactan a bhith crìochnaichte ro dheireadh an Ògmhios 2011.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Airson foirm-iarrtais agus tuilleadh fiosrachaidh theiribh chun na làraich-
lin:http://www.smo.uhi.ac.uk/Rannsachadh/soilse_gd.html

Gheibhear cuideachd tuilleadh fios agus taic bho Iain Caimbeul air 01471 888559 neo tro
phost-d aig fios@soillse.ac.uk

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



STÒRAS RANNSACHAIDH SHOILLSE

15 September 2010

Soillse - the National Research Network for the Maintenance and Revitalisation of Gaelic Language and Culture - is to support small-scale Gaelic language research projects through a new fund, Stòras Rannsachaidh Shoillse.

Iain Campbell the Senior Research Manager for Soillse said: "The creation of this small fund will enable ideas for research to come through the Soillse academic partnership but also importantly from within the Gaelic community. This type of collaboration will enable individuals, including schools and community groups to develop their research knowledge and expertise alongside the research active staff of the Soillse academic partnership. Such a partnership will contribute to building Gaelic language-based research capacity by engaging individuals and groups in projects in which they would otherwise not have participated."

All research proposals will be considered as long as they relate to some aspect of Gaelic language use and development. For example, research proposals can be submitted in relation to how Gaelic is used within the community and/or the family; how people identify with Gaelic and their own levels of self-confidence in learning and speaking the language, the appropriateness of public policies as they relate to promoting the use of Gaelic in Scotland; and the use of technology to support Gaelic learning and development.

Joint-applications for funding support from schools and community groups in collaboration with the academic institutions participating in Soillse are particularly welcomed.

The Soillse Research Fund will provide support for research projects up to the value of £5,000. Each project will also need an additional 40% of match funding to the value of the grant received from the Research Fund. It is expected that a minimum of 6 awards will be made from the Soillse Research Fund this year.

The closing date for applications is 29th October 2010 and all projects must be completed by end June 2011.

An application form and more information is available on the website at:http://www.smo.uhi.ac.uk/Rannsachadh/soillse_gd.html

Further support and information is available from Iain Campbell on 01471 888559 or by emailing fios@soillse.ac.uk